




PLANA GÀIDHLIG

2011 - 2016

Air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig 14 Dùbhlachd 2010



RO-RÀDH

Mar an t-uachdaran as motha ann an Alba, tha Coimisean na Coilltearachd (FCS) gu mòr a' gabhail ri uallach mòr na buidhne mu choinneamh nan dleastanasan againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha sinn miannaichte gun toireamaid piseach air cinn-ùidhe Phlana Nàiseanta na Gàidhlig is gun tèid an toirt gu buil tron t-sreath de ghnìomhan cuimsichte air am mìneachadh sa phlana seo. Tha sinn a' tuigsinn cuideachd gu bheil sinn ann an deagh shuidheachadh airson ruigsinn air cuid mhòr de shluagh na h-Alba. Tro ar goireasan chur-seachad a-muigh agus farsaingeachd de stuth mìneachaidh, tha sinn airson cuideachadh mòr a chumail ri adhartachadh air tuigse dhaoine air cànan 's air cultar nan Gàidheal.



Chan eil rian nach eil tuigse aig a' chuid as motha againn air buaidh na Gàidhlig air cruth-tìre na h-Alba; agus i cha mhòr ag innse sgeulachd is eachdraidh bheanntan, ghleann is choilltean na dùthcha. Tha ceangal cudromach, mar an ceudna, eadar a' Ghàidhlig, craobhan agus fearann-coillteach; leis an aibidil Ghàidhlig stèidhichte air ainmean chraobhan.

Tha sinn mothachadh don àite a dh'fhaodas a bhith aig FCS ann an àdhartachadh inbhe, cleachdadh agus togail na Gàidhlig a-chum coileanadh amasan Bhòrd na Gàidhlig agus Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

An t-Ollamh Bob Mac an Tòisich
Stiùiriche Alba
Coimisean na Coilltearachd Alba

Clàr-innse

Geàrr-chunntas	4
CAIBIDEIL 1 - RO-RÀDH	6
An Co-theacsa airson Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig	6
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios	6
Co-chomhairle air dreach Plana Gàidhlig	6
Aonta air Plana Gàidhlig Choimisean na Coilltearachd Alba	6
Thar-shealladh air gnìomhan FCS agus cleachdadh na Gàidhlig ann an raon ar n-obrach	7
Cùl-fhiosrachadh mu Choimisean na Coilltearachd Alba	7
Gàidhlig ann an raon ar n-obrach	7
Gàidhlig taobh a-staigh Choimisean na Coilltearachd Alba	9
CAIBIDEIL 2 - PRÌOMH DHEALASAN	10
Earrann 1 - Dearbh-aithne	12
Earrann 2 – Conaltraidhean	15
Earrann 3 – Foillseachaidhean	20
Modhan air mìneachadh na Gàidhlig	26
Earrann 4 – Luchd-obrach	27
CAIBIDEIL 3 – Buaidhean poileasaidh air a' Ghàidhlig agus air buileachadh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig	30
Cùl-taic ri Cinn-uidhe Phlana Nàiseanta na Gàidhlig	31
Togail Cànain	31
Cleachdadh Cànain	32
Inbhe Cànain	32
Corpas Cànain	33
CAIBIDEIL 4 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH	34
Clàr-ama	34
Follaiseachadh a' Phlana	34
Modhan Rianachd mu choinneamh Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig	34
Fiosrachadh do bhuidhnean eile air a' Phlana	35

Goireasachadh a' Phlana	35
Sgrùdadh air Buileachadh a' Phlana	35
Luchd-obrach iomchaidh	37
Leas-phàipear 1	
Mapa de dh'oifisean FCS	
Leas-phàipear 2	
Beag-fhaclair agus Giorrachaidhean	

Geàrr-chunntas

Tha Coimisean na Coilltearachd Alba (FCS) a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne agus beatha chultarach na h-Alba. Tha sinn dealasach a thaobh nan ceann-uidhe air mìneachadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus tha sinn air na structaran is iomairtean riatanach a chuir am bonn gus dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig a' Ghàidhlig an Alba san àm ri teachd.

Tha sinn a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach duilich agus ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, tha oidhirp cho-eagraichte a dhìth eadar an riaghaltas, na h-earrannan poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- *inbhe na Gàidhlig àrdachadh;*
- *togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;*
- *brosnachadh tuilleadh cleachdadh na Gàidhlig.*

'S e Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba a th' anns an sgrìobhainn seo, air ullachadh an taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' toirt mìneachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an coileanadh ar gnìomhan, cleachdadh na Gàidhlig an conaltradh leis a' phoball is le prìomh chom-pàirtichean agus air mar a bheir sinn adhartachadh agus leasachadh air a' Ghàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Choimisean na Coilltearachd Alba air a dheasachadh a rèir slatan-tomhais reachdail air mìneachadh san Achd bho 2005, agus tha e air a cho-thaobhadh ri *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus *Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is iad prìomh co-phàirtean a' Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha an caibideil seo a' toirt cunntas air cùl-fhiosrachaidh is air a' cho-theacsa co-cheangailte ri deasachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 is structar prìomh raointean obrach FCS. Tha cuideachd geàrr-chunntas ann air eòlas-sluaigh na Gàidhlig.

Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar a thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh agus comas sa chànan àrdachadh a-chum cleachdadh na Gàidhlig sna prìomh ghnìomhan gnothachais. Tha e a' còmhdachadh prìomh raointean obrach leithid dearbh-aithne corporra, sanasachd, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air an làraich-lìn. Tha an caibideil seo a' mìneachadh na h-ìre de sholarachadh Gàidhlig a tha sinn do bheil sinn daingeann a chur air adhart ann am beatha a' Phlana.

Caibideil 3 – Buaidh phoileasaidh air a' Ghàidhlig: buileachadh a' Phlana Nàiseanta

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas FCS le buileachadh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig. Tha e a' sealltainn cuideachd mar a tha dùil againn cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh ann am planadh agus liubhairt sheirbheisean; gu h-àraid ann an raointean poileasaidh leithid sanasachd. Tha an caibideil seo a' beachdachadh cuideachd air mar a thèid aire thoirt don Ghàidhlig is don Phlana Gàidhlig agus sinn a' cruthachadh phoileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar an tèid am Plana Gàidhlig againn a chur an gnìomh, agus mar a thèid buileachadh agus builean a sgrùdadh.

CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

An Co-theacsa airson Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh fios:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Riaghaltas na h-Alba le amas air tèarainteachd airson do dh'inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba; le spèis cho-ionnan ri Beurla.

'S e aon de phrìomh fheartan Achd 2005 a bhith a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig riatanas a chur air buidhnean poblach gus Planaichean Gàidhlig a dheasachadh. Chaidh seo a chuir air bhonn a-chum gus dèanamh cinnteach gun dèan buidhnean na roinn poblaich ann an Alba obrachadh còmhla a-chum suidheachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd; ag àrdachadh a h-inbhe 's a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman pragmatach airson a cleachdadh.

Co-chomhairle air Dreach Plana Gàidhlig:

Tha Achd 2005 a' cur riatanas air buidhnean poblach obair-ullachaidh nam Planaichean Gàidhlig aca a thoirt gu aire dhaoine no bhuidhnean sam bith aig am bhiodh ùidh. Tha FCS air co-chomhairleachadh poblach a chumail air dreach a' Phlana Gàidhlig aca ann an 2009/10 agus air cunntas a ghabhail air beachdan air thighinn a-steach sa phròiseis cho-chomhairleachaidh.

Aonta air Plana Gàidhlig Choimisean na Coilltearachd Alba:

Chuireadh Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta sa Chèitean 2010 agus chaidh aontachadh air 14 Dùbhlachd 2010.

Thar-shealladh air gnìomhan Choimisean na Coilltearachd Alba agus cleachdadh na Gàidhlig ann an raon ar n-obrach

Cùl-fhiosrachadh mu Choimisean na Coilltearachd Alba

Tha FCS ag obair mar bhuidheann-stiùiridh coilltearachd Riaghaltas na h-Alba agus a' riaghladh nan 667,000 heactairean ann an Oighreachd na Coille Nàiseanta (NFE). Tha coilltean a' Choimisein a' toirt buaidh air soirbheas muinntir na h-Alba is na coimhearsnachdan. Tha fearann coillteach ionadail nan àitean coinneachaidh aig coimhearsnachdan; agus iad a' dol an sàs ann am pròiseactan agus obair gu saor-thoileach, no a' faotainn tlachd às na slighean cuairt, na slighean rothaireachd agus às an t-sàmhchar is sìth a gheibhear annta. Le bhith leasachadh barrachd fearainn coillteach, gu h-àraidh faisg air bhailtean beaga is mòra, is urrainn do choilltean dòighean-beatha nas fhallaine a bhrosnachadh cho math ri togail a thoirt do leasachadh bhailtean air feadh Alba. www.forestry.gov.uk/scotland

Tha poileasaidh FCS air a mhìneachadh ann an Ro-innleachd Choilltean na h-Alba (SFS) aig Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh an 2006. Tha an sgrìobhainn seo a' dèanamh iomradh air seachd Prìomh Chuspairean (Atharrachadh Gnàth-shìde; Fiodh; Leasachadh Gnothachais; Leasachadh Coimhearsnachd; Ruigsinneachd is Slàinte; Mathas Àrainneachdail; Bith-iomadachd), a tha còmhla a' cur an cèill nan dùbhlann mu choinneamh coilltearachd phoblach is phrìobhaideach ann an Alba thar nan 50 bliadhna ri teachd. Tha Iomairt Coilltearachd Alba (FES) na meur den FCS, agus i a' stiùireadh NFE an Alba.

San t-Samhain 2009 bha 838 luchd-obrach làn-ùine is pàirt-ùine ag obair aig FCS a thuilleadh air àireamh mhòr de chunntadairean le cunnraidhean goirid is fad-amail.

Tha mapa a tha ag innse far a bheil na prìomh oifisean againn ann an Alba ri fhaotainn ann an Leas-phàipear 1.

Gàidhlig ann an raon ar n-obrach.

Tha FCS ag obair air feadh na h-Alba agus tha seo a' ciallachadh gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig is na coimhearsnachdan Gàidhlig uile taobh a-staigh an raoin sa bheil a' bhuidheann ag obrachadh.

Chaidh an àireamh iomlan de dhaoine a tha comasach air Gàidhlig a labhairt agus/no a leughadh agus/no a sgrìobhadh agus/no a thuigsinn a chlàradh sa chunntas-sluaigh 2001 aig 92,400 (1.9% de àireamh-sluaigh na h-Alba). Bha an àireamh iomlan a bha comasach air Gàidhlig a labhairt aig 58,652 (1.15%).

Ged a chunnacas crìonadh san àireamh iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig on chunntas-sluaigh fa dheireadh, thàinig meudachadh san àireamh a tha comasach air Gàidhlig a labhairt agus cuideachd a leughadh 's a sgrìobhadh eadar 1991 agus 2001. Thàinig meudachadh cuideachd san àireamh de chloinn aois 5 – 15 a tha comasach air Gàidhlig a labhairt.

Tha luchd-labhairt na Gàidhlig ri lorg air feadh Alba. Den luchd-labhairt a chaidh a chomharrachadh an cunntas-sluaigh 2001, chan eil ach beagan a bharrachd air dàrna leth a' fuireach an sgìrean air a' Ghàidhealtachd, (sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Chomhairle nan Eilean Siar) agus tha beagan nas lugha na dàrna leth a' fuireach air a' Ghalldachd.

Tha àrd-ìre de luchd-labhairt na Gàidhlig a' còmhnaidh ann am bailtean, le dùmhlachadh mhòr de luchd-labhairt a' fuireach ann an sgìre Ghlaschu, Dùn Èideann, Inbhir Nis agus Obar Dheathain. Mar eisimpleir, tha 11,211 luchd-labhairt na Gàidhlig a' fantainn an sgìre Ghlaschu.

Chan eil figear ùghdarraichte ri fhaotainn airson na h-àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach nach eil fileanta. Ach, lorg rannsachadh nàiseanta ann an 1995 le Comunn na Gàidhlig, a' bhuidheann leasachaidh Gàidhlig, gun robh mu 8,000 ann an Alba.

Tha an-dràsta mu 2,500 clann bun-sgoile agus àrd-sgoile ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FTG) air feadh na dùthcha, le 718 clann eile ann an sgoiltean-àraich tro mheadhan na Gàidhlig. Ann am foghlam tro mheadhan na Beurla, tha 2,733 ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chuspair san àrd-sgoil gach bliadhna eadar ÀS1 is ÀS6. Bha mu 6,000 clann ann am bun-sgoiltean tro mheadhan na Beurla a' gabhail pàirt sa sgeama *Gàidhlig sa Bhun-sgoil* an 2008/9. (Fiosrachadh mu Aonadan tro Mheadhan na Gàidhlig air a thoirt bho làraich-lìn Riaghaltas na h-Alba).

Tha *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig le targaidean ann airson àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig thar nam bliadhnaichean romhainn:-

- 65,000 luchd-labhairt is 4000 clann a' clàradh gach bliadhna ann am FTG ro 2021
- 75,000 luchd-labhairt is 10,000 clann ann am FTG ro 2031; agus
- 100,000 luchd-labhairt is 50,000 clann ann am FTG ro 2041

A dh'aindeoin nan àireamhan iomlan de luchd-labhairt na Gàidhlig, faodar a bhi an dùil gum faicear iarrtas nas motha ann air seirbheisean mar thoradh air a' mheudachadh ann am FTG.

Mar sin, thathar a' moladh cuimseachadh air na sgìrean sa bheil a' mhòr-chuid de luchd-labhairt na Gàidhlig agus aonadan is sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig rè ùine a' chiad Phlana Ghnìomh na Gàidhlig FCS an 2010 – 2015.

Tha iomadh bhuidhnean an Alba ag obair a-chum maith na Gàidhlig. 'S i Clì Gàidhlig a' bhuidheann nàiseanta do luchd-ionnsachaidh. Tha buidhnean ealain mar An Comunn Gàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal ag obair gus ceòl agus cultar nan Gàidheal a bhrosnachadh. Tha Comunn na Gàidhlig ag obair a-chum Gàidhlig a bhrosnachadh agus a leasachadh le taic-airgid ga toirt seachad airson soidhnichean dà chànanach, do bhuidhnean choimhearsnachd agus sgeamaichean gnìomhachais do luchd-ceumnachaidh.

Gàidhlig taobh a-staigh Choimisean na Coilltearachd Alba:

Chan eil measadh dearbhta idir air cumail air an àireamh den luchd-obrach a tha fileanta sa Ghàidhlig aig FCS; a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig; no aig a bheil comas Gàidhlig a leughadh no sgrìobhadh. Gu h-eachdraidheil, ge-tà, le buaidh na buidhne agus a dleastanas mar phrìomh fhastaiche ann am mòran de sgìrean dùthchail an Alba, bhiodh pàirt cudromach aig Gàidhlig ann an obair-laitheil mòran luchd-obrach. Thathas an dùil ri toradh obrach-measaidh sa Dùbhlachd 2010.

Mar phrìomh amas, tha sinn a' moladh rannsachadh luchd-obrach a chumail gus an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig a dhearbhadh am measg ar luchd-obrach làithreach, cho math ris an àireamh de luchd-ionnsachaidh, daoine aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig ionnsachadh agus an fheadhainn aig a bheil comas Gàidhlig a leughadh 's a sgrìobhadh. Leis an fhiosrachadh seo, 's urrainn dhuinn sgilean ar luchd-obrach làithreach a chleachdadh is àrdachadh agus ìre de Ghàidhlig aig prìomh luchd-obrach a neartachadh. Tha FCS mothachail gu bheil ùidh aig mòran luchd-obrach ann an Gàidhlig agus a cultar.

Rè ùine ullachaidh a phlana seo, tha FCS air sreath de chùrsaichean Mothachadh don Ghàidhlig a ruith le taic bho Bhòrd na Gàidhlig (BnG). Cumaidh iad sin a' dol tro fhad-ùine a' phlana gus tuigse air a' Ghàidhlig agus a cultar a leasachadh am measg prìomh luchd-obrach na buidhne.

Tha FCS gu làithreach ag eadar-theangachadh àireamh bheag de phrìomh sgrìobhainnean poileasaidh. Ann an 2008, 2009 agus 2010 dh'fhoillsich FCS an Aithisg Bhliadhnail ann am Beurla agus Gàidhlig, agus tha sinn cuideachd air a' Ghàidhlig a ghabhail a-steach do chuid de ar bileagan agus pannalan fiosrachaidh. Aig an àm seo, tha sinn a' cleachdadh pàipear le cinn dà-chànanach ann an cuid de ar n-oifisean Coilltearachd Sgìreil, agus thèid ro-innleachd gus seo a leudachadh thar na buidhne a thoirt gu buil mar phàirt den phlana seo.

CAIBIDEIL 2 – PRÌOMH DHEALASAN

Tha cruthachadh shuidheachaidhean airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha phoblaich air a dhearbhadh aithneachadh le Bòrd na Gàidhlig, sa phàipear reachdail air Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, mar phrìomh eileamaid ann an ath-nuadhachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean de liubhairt sheirbheisean a chomharrachadh air a bheilear a' moladh do bhuidhnean poblach aghaidh a chur aig àm deasachadh Phlanaichean Gàidhlig:-

Dearbh-aithne: dearbh-aithne corporra
soidhneachd

Conaltraidhean: ionad fàilteachaidh
fòn
post agus post-d
foirmean
coinneamhan poblach
modhan gearain

Foillseachaidhean: dàimhean poblach agus meadhanan
stuth clò-bhuailte
làraichean-lìn
taisbeanaidhean

Luchd-obrach: trèanadh
ionnsachadh cànan
fastadh
sanasachd

Tha an earrann seo den phlana a' toirt fiosrachadh mionaideach air prìomh amasan FCS a rèir "Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig" a' Bhùird.

Buileachadh Cheann-uidhe Ro-innleachdail Riaghaltais na h-Alba

Tha dealas aig Bòrd na Gàidhlig mu choinneamh nan Ceann-uidhe Ro-innleachdail a choileanadh mar a chaidh an stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba. Ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, bu chòir do bhuidhnean poblach comharrachadh mar a chuidicheas iad le buileachadh nan Ceann-uidhe Ro-innleachdail agus dearbh-aithne a dhèanamh air na Cinn-uidhe Ro-innleachdail sin a bhios air an cuideachadh leis na gnìomhan sna planaichean aca.

1. Beartach is Cothromach

2. Fiosraichte

3. Fallain

4. Sàbhailte is Neartmhor

5. Uaine

Earrann 1 – Dearbh-aithne

“Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus suaicheantas buidhinn poblaich a’ toirt àrdachadh mòr do faicsinneachd a’ chànain, a’ meudachadh inbhe agus a’ dèanamh aithris chudromach air mar a thathar a’ cur luach air a’ Ghàidhlig agus mar a tha i a’ faotainn aithne. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shoidhnichean briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a shaidhbheachadh, mothachadh a’ phobaill don Ghàidhlig a thogail agus cur ri a leasachadh. (Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCS a’ tuigsinn cudromachd de leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a’ meudachadh a h-inbhe.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
<i>Dearbh-aithne corporra:</i>					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh sgrìobhte aig FCS gu làithreach airson cleachdadh na Gàidhlig na dhearbh-aithne chorporra ged a tha sinn gu minig a’ cleachdadh Gàidhlig air carbadan agus cinn-litreach.				
Prìomh raointean leasachaidh	<p>Bidh an dreach ùr de ar suaicheantas dà-chànanaich air a chleachdadh san fharsaingeachd - a’ dol an àite na th’ ann de shuaicheantais aig an àm seo.</p> <p>Seòrsaichean ùra de shuaicheantais rim faotainn leis an luchd-obrach uile agus toiseach a’ phrògram ùrachaidh.</p> <p>Crìoch – ùrachadh air gach seòrsa de shuaicheantas FCS.</p>	Faicsinneachd ar suaicheantais dà-chànanaich.		Seirbheisean Dealbhadh & Mineachaidh	<p>An Dàmhair 2010</p> <p>An Giblean 2015</p>

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
Dearbh-aithne corporra:					
	Nithear ùrachadh air Leabhar-làimhe Suaicheantais le ar dearbh-aithne ùr dà-chànanach. Bidh seo a' còmhachadh cleachdadh air cinn-litreach, bràistean ainm, cairtean gnothachais is carbadan.	Leabhar-làimhe Suaicheantais crìochnaichte.		Seirbheisean Dealbhaidh & Mineachaidh	An Dàmhair 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Dearbh-aithne corporra:					
Soidhneachd (a-staigh is a-muigh):					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh sgrìobhte aig FCS an-dràsta airson cleachdadh na Gàidhlig ann an soidhneachd ged a tha sinn a' cleachdadh bhòrd-cinn dà-chànanach air cuid de shoidhnichean oifisean an Earra-Ghàidheal is air a' Ghàidhealtachd.				
Prìomh raointean leasachaidh	Cuiridh sinn sgrùdadh an gnìomh air soidhneachd anns na sgìrean Coilltearachd an Earra-Ghàidheal is air a' Ghàidhealtachd.	Làn sgrùdadh		Seirbheisean Dealbhaidh & Mineachaidh	Ron cheann-latha foillseachaidh
	Cruthaichidh sinn poileasaidh air soidhneachd taobh a-muigh oifisean is ionadan tadhail. Nithear barrachd obrach an co-bhanntachd le Ainmean Àite na h-Alba.	Poileasaidh crìochnaichte		Seirbheisean Dealbhaidh & Mineachaidh	An Dàmhair 2010

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
Dearbh-aithne corporra:					
	Cuiridh sinn prògram an gnìomh a-chum ar poileasaidh soidhneachd a-muigh a thoirt gu buil.	100 soidhne ri ùrachadh ann an 09/10, le 50 soidhne eile san dà bhliadhna às dèidh sin.	Àireamh shoidhnichean bho aonad shoidhnichean FCS.	Seirbheisean Dealbhadh & Mineachaidh (D&IS)	2011/12
		Bidh soidhnichean dà-chànanach a-muigh air oifisean uile an Earra-Ghàidheal is air a' Ghàidhealtachd.		Manaidsearan Coimhearsnachd, Cur-seachadan is Turasachd (CRT) & D&IS	An Giblean 2011
	Thèid poileasaidh air cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach a-staigh an oifisean is ionadan tadhail chruthachadh, agus e na phàirt den Leabhar-làimhe Suaicheantais againn.			Seirbheisean Dealbhadh & Mineachaidh	An Giblean 2011
	Cuirear soidhnichean iomchaidh an-àrd rè obair-leasachaidh oifisean.	Bidh soidhnichean dà-chànanach a-staigh anns na h-oifisean uile a tha freagarrach an Earra-Ghàidheal is air a' Ghàidhealtachd.		Prìomh Neach-sgrùdaidh, Inbhir Nis.	An Giblean 2012
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			

Earrann 2 – Conaltraidhean

“Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a’ chiad choinneachadh a tha aig buill den phoball le ùghdarras poblach a’ meudachadh làthaireachd faicsinneach agus osgarra a’ chànain, agus a’ cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air àrdachadh air ìomhaigh a’ chànain, tha e cuideachd a’ cruthachadh chothroman airson a bhith ga cleachdadh ann an dòigh phractaigeach agus a’ brosnachadh buill den phoball gu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig ann an dèiligeadh leis an ùghdarras poblach às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-obrachadh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn, cudromach ann an cruthachadh chothroman practaigeach airson an cànan a chleachdadh, agus a’ cur ris an fhaireachdainn gu bheil a cleachdadh comasach agus di-beathte. Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an raon fharsaing de fhoirmean dà-chànanach agus Gàidhlig a-mhàin a’ cur gu mòr ri àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a’ chànain. Faodaidh foirmean, iarrtasan agus sgrìobhainnean ionnan air an ullachadh ann an dreach Gàidhlig cuideachadh le leudachadh air an raon de bhriathrachas Gàidhlig, agus mothachadh don phoball Ghàidhlig mun leithid sin de bhriathrachas, mar sin a’ cuideachadh le leasachadh a’ chànain fhèin.” (Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCS a’ tuigsinn cudrom cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach den Ghàidhlig ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean làitheil, agus dealasach a-chum àrdachadh ire nan seirbheisean Gàidhlig san raon seo.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
<i>Ionad Fàilteachaidh:</i>					
Cleachdadh làithreach	'S e glè bheag de solarachadh FCS a gheibhear tron a’ Ghàidhlig.				
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid gach luchd-obrach ‘fàilteachaidh’ an oifisean agus prìomh ionadan tadhail Earra-Ghàidheal ’s na Gàidhealtachd gu trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig.	An Giblean 2011	Frithealadh – ath-sgrùdadh sgilean 2014.	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (OLG)	An Giblean 2011

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Thèid Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a chomharrachadh airson cuideachadh le ceistean aig na ionadan fàilteachaidh. Far a bheil comasan Gàidhlig ri faighinn mar-thà, cuirear soidhne an-àrd a' tarraing aire don t-seirbheis.	Bidh cuideigin aig gach luchd-obrach bhon am faighear taic no stiùiridh no as urrainn dèiligeadh le ceistean iomchaidh às an leth.	Comharrachadh Oifigear Leasachaidh Gàidhlig	Conaltraidhean FCS	Am Màrt 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Fòn:					
Cleachdadh làithreach	Chan fhaighear an-dràsta seirbheis sam bith tron Ghàidhlig air an fòn, no glè, glè bheag dheth.				
Prìomh raointean leasachaidh	Trèanadh air mothachadh mun Ghàidhlig do phrìomh luchd-obrach a tha a' freagairt nam fònaichean. Siostam a leasachadh gus dèiligeadh le ceistean Gàidhlig. Dh'fhaodadh gun tèid e dìreach gun OLG.	Thèid dèiligeadh le ceistean Gàidhlig uile leis an neach-freagairt fhèin, air neo le cuideigin eile as urrainn dèiligeadh leotha.	Clàran trèanaidh is clàran de cheistean Gàidhlig	Ionnsachadh & Leasachadh (L & D)	An Dùbhlachd 2010
	Fileantachd no eòlas sa Ghàidhlig na fheart fheumail ann am fastadh cuid de phrìomh dhreuchdan.		Sgrùdadh sgilean 2014	Goireasan Daonna	An Dàmhair 2010

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Trèanadh sa Ghàidhlig no àrdachadh sgilean a thairgsinn do phrìomh luchd-obrach an Earra-Ghàidheal 's air a' Ghàidhealtachd. Taic do thrèanadh le àm dheth, taic ionmhasail agus brosnachadh dhaoine gabhail pàirt le siostam measaidh stiùireadh dèanadais.	Barrachd luchd-obrach de phrìomh luchd-coinneachaidh ris a' phoball aig a bheil eòlas agus sgilean nas fheàrr sa Ghàidhlig.	Sgrùdadh sgilean 2014	Ionnsachadh & Leasachadh	An Dàmhair 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Post agus Post-d:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh aontaichte ann ach tha cinn-litreach dà-chànanach gan cleachdadh le cuid de dh'oifisean FD.				
Prìomh raointean leasachaidh	Litrichean no puist-dealain sa Ghàidhlig gan cur gun Oifigear Leasachaidh Gàidhlig airson freagairt. Cuirear sanas air an làraich-lìn le fàilte ga cur air conaltradh sa Ghàidhlig.	Gheibh litrichean agus puist-dealain Ghàidhlig uile freagairt sa Ghàidhlig.	Amannan rin clàradh.	OLG	Tòiseachadh san Fhaoilleach 2010
	Cumail oirnn le cinn-litreach dà-chànanach air feadh Alba.	Leantainneach		OLG	Rè ùine a' Phlana.
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Foirmean:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh sònraichte ann – na foirmean uile an-dràsta sa Bheurla a-mhàin.				
Prìomh raointean obrach	Gabhail ri foirm sam bith air lìonadh sa Ghàidhlig le freagairt sa Gàidhlig le taic bhon OLG.	Ullachadh airson gabhail ri foirmean sa Gàidhlig.	An àireamh de dh'iarrtasan air an clàradh.	OLG	Deireadh 2010

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Na foirmean uile le cinn dà-chànanach orra le pìos sa Ghàidhlig a' cur fàilte air foirmean air an lìonadh sa Ghàidhlig.			OLG	Deireadh 2014
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Coinneamhan poblach:					
Cleachdadh làithreach		Chan eil solar sam bith, no glè bheag, ri fhaighinn aig an àm seo.			
Prìomh raointean leasachaidh	Neach-labhairt Gàidhlig/eadar-theangachadh maraon ri fhaighinn aig coinneamhan air cànan no cultar na Gàidhlig; far a bheil pàrtaidhean no eagraichean air a h-iarraidh. Thèid seo a shanasachadh air bileagan le fiosrachaidh air na tachartasan.	Ga chuir an gnìomh mar dheuchainn le measadh air soirbheachadh airson 2013.	Sgrùdadh air soirbheachadh.	Conaltraidhean FCS	2013
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Modhan Gearain, Ceistean & Saorsa Fiosrachaidh					
Cleachdadh làithreach		Chan eil Gàidhlig idir sa phoileasaidh air an àm seo			
Prìomh raointean leasachaidh	Dèiligeadh sa Ghàidhlig le gearanan uile gan dèanamh sa Ghàidhlig. Thèid na modhan-gearain eadar-theangachadh agus a chuir an-àrd air an làraich-lìn	Gàidhlig ga cleachdadh ann am freagairt ghearanan uile air an togail sa Ghàidhlig.	Tro mhodhan sgrùdaidh ghearanan àbhaisteach, Sgrùdadh Teisteanachaidh.	OLG	Deireadh 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
Foghlam agus Tachartasan Treòraichte:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh no an comas ann an-dràsta tachartasan sgoile no tachartasan cur-seachad a chumail sa Ghàidhlig no le eadar-theangachadh				
Prìomh raointean leasachaidh	Ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg mhaor-coille is luchd-obrach cur-seachad, gus cuideachadh le tadhalan Sgoilearan Gàidhlig.	Cùrsaichean air mothachadh sa Ghàidhlig do phrìomh luchd-obrach.	Clàraich agus measadh soirbheachadh.	Ionnsachadh & Leasachadh / OLG	An Dàmhair 2010
	Sgrùdadh air na tha dhìth an raointean de dh'fhoghlam Gàidhlig, agus beachdachadh air daoine le sgilean sònraichte a thoirt a-steach airson cuid de thachartasan.	Cruthaich beagan tachartasan airson cumail rè ùine a' Phlana.	Clàraich agus measadh soirbheachadh.	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (GDO)	An Dùbhlachd 2012
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1, 2			
	Nìthear leudachadh ach am buail am poileasaidh Gàidhlig air obair bhuidhnean com-pàirticheis m.e. far a bheil FCS a' maoinachadh bhuidhnean eile tro sgeamaichean thabhartasan. Mar eisimpleir gun tèid iarraidh air a' bhuidhinn soidhnichean dà-chànanach a chur an-àrd sna coilltean aca.	Gun Dèanar àrdachadh air mìneachadh Gàidhlig sa roinn phrìobhaideach.	Clàraich iarrtasan airson soidhneachd Ghàidhlig.	Coimisean na Coilltearachd Alba	An Dàmhair 2014

Earrann 3 – Foillseachaidhean

“Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de stuthan clò-bhuailte a bhith na chuideachadh do leasachadh na Gàidhlig ann am measgachadh de dhòighean. Tha e a’ cuideachadh le faicsinneachd a’ chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-iomhaigheil agus ’s urrainn dha cuideachadh le leasachadh briathrachais a th’ ann agus briathrachas ùr. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a’ cuideachadh le bhith a’ taisbeanadh dealas ùghdarras phoblach gu bhith a’ solarachadh fiosrachadh cudromach tro mheadhan na Gàidhlig, a thuilleadh air a bhith ag àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a’ chànain. Mar a bhios barrachd dhaoine a’ faotainn fiosrachaidh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodaidh solar do chleachdadh na Gàidhlig fìor àrdachadh a dhèanamh air inbhe agus faicsinneachd a’ chànain.” (Bòrd na Gàidhlig Guidance)

Tha FCS gu mòr airson barrachd Gàidhlig a chleachdadh far a bheil ùidheil sa mhòr-chuid sa chuspair no far a bheil e buntainn don Ghàidhlig.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
<i>Stuth Clò-bhuailte: Tha cuid de sgrìobhainnean nàiseanta air eadar-theangachadh sna bliadhnaichean a dh’fhalbh.</i>					
Cleachdadh làithreach	Tha FCS air an Aithisg Bhliadhnail airson 07/08 agus 08/09 eadar-theangachadh gu Gàidhlig.				
<i>Stuth clò-bhuailte – Sgrìobhainnean poileasaidh & modhan-obrach</i>					
Prìomh raointean leasachaidh	Cumaidh sinn oirnn ag eadar-theangachadh na h-Aithisg Bliadhnail. Bidh dreachan slàna dà-chànanach ìos-lodach rim faotainn airson sgrìobhainnean poileasaidh cudromach far a bheilear a’ meas iomchaidh.	Cumail oirnn le gnìomhan làithreach.	Meudachadh ann an àireamhan sgrìobhainnean	Conaltraidhean FCS	An Giblean 2014

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Nochdaidh eileamaidean Gàidhlig (m.e. ainmean, cinn-sgrìobhaidh dà-chànanach, geàrr-chunntasan Gàidhlig) sna prìomh fhoillseachaidhean.	Àrdachadh air an àireamh fhoillseachaidhean		Conaltraidhean FCS	An Dàmhair 2010
<i>Stuth clò-bhuailte – Foillseachaidhean Luchd-tadhail</i>					
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid iùl do luchd-obrach chruthachadh air mar a chleachdas eileamaidean Gàidhlig an foillseachaidhean cudromach.		Meudachadh ann an stuth clò-bhuailte.	Seirbheisean Dealbhaidh & Mineachaidh	An Giblean 2012
	Thèid stiùireadh do luchd-obrach a chruthachadh air an ìre de Ghàidhlig a ghabhar a-steach, suas gu dà-chànanas ann am foillseachaidhean luchd-tadhail. Bidh am modh-obrach seo mothachadh ris an dh'iarrrtas a dh'fhaodas a bhì ann, ri sgìrean le mòran Ghàidheal is ri poileasaidhean ughdarrasan poblach eile, ri làraichean-tàdhail sgoilearan Gàidhlig, agus ri làraichean a tha cudromach an dualchas nan Ghàidheal.		Meudachadh ann an stuth clò-bhuailte.	Seirbheisean Dealbhaidh & Mineachaidh	An Giblean 2013

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Thèid Cnuic Cheann Loch san Eilean Sgitheanach is làraichean iomchaidh eile chleachdadh mar phileat airson dòighean meadhanan clò-bhuailte ùra a chur an gnìomh.		Meudachadh sna meadhanan clò-bhuailte.	Seirbheisean Dealbhaidh & Mineachaidh	An t-Ògmhios 2010
	Tha iomadh fhoillseachadh aig FCS is, le dleastanasan na buidhne, thathas daonnan a' cur riutha. Chithear co-dhiù blas Gàidhlig sna foillseachaidhean ùra uile. Thathar a' moladh coinneachadh ri Bòrd na Gàidhlig uair sa bhliadhna gus measadh air na fhoillsich sa bhliadhn' roimhe sna tha san dàn.	Gum faighear measadh/stiùreadh air na foillseachaidhean	Coinneachadh uair sa bhliadhna le Bòrd na Gàidhlig		
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Dàimhean Poblach agus Na Meadhanan:					
Cleachdadh làithreach	<i>Chan eil sinn an-dràst' a' cur a-mach Fiosan Naidheachd sa Ghàidhlig gun dòigh againn nas motha fiosan-naidheachd eadar-theangachadh le eadar-theangair aithnichte. Aig an àm seo, chan eil neach-labhairt FCS againn airson nam meadhanan TBh / Sgrìobhte.</i>				
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid neach-labhairt Gàidhlig FCS a chomharrachadh gus Gàidhlig a riochdachadh sna meadhanan craolaidh / sgrìobhte.	Fastaidh OLG	Neach-labhairt air a chomharrachadh.	Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	An Dàmhair 2010

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Bidh FCS dèanadach nar dèiligeadh le BBC Alba is meadhanan Gàidhlig eile.	Fastaidh OLG	Meudachadh ann an sgeulachdan Coilltearachd / FCS air an craoladh.	Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	An Dàmhair 2010
	Nochdaidh tionndadh Gàidhlig air prìomh dhleastanasan aig FCS ann an 'Notaichean gu Luchd-deasachaidh' ann am fiosan-naidheachd uile.	Cruthaich Teacsa airson a chur a-mach ann am fiosan naidheachd.	Meudachadh ann an artaigilean naidheachd Gàidhlig.	Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	An Dàmhair 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Làraich-lìn:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil poileasaidh ann aig an àm seo airson duilleagan Gàidhlig eadar-lìon a chruthachadh.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bheir sinn Gàidhlig a-steach don t-susbaint a dh'fhoillsicheas FCS air-loidhne. Cuireamaid ro-innleachd air dòigh airson comharrachadh prìomh raointean leasachaidh.	Susbaint ga chumail suas gu h-èifeachdach agus gu ceart ann an dòigh amail.	Meudachadh air susbaint ann an Gàidhlig air a stèidheachadh san làraich-lìn.	Sgioba Conaltraidh FCS	An Dàmhair 2010
	Bidh am Plana Gàidhlig aontaichte air a chur air làrach-lìn FCS.			Sgioba Conaltraidh FCS	An t-Ògmhios 2010
	Cumaidh Coimisean na Coilltearachd ath-sgrùdadh air structar na làraich-lìn gus dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig air a shnìomh a-steach air duilleagan FCS.			Sgioba Conaltraidh FCS	An t-Ògmhios 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Cuirmean / Taisbeanaidhean:					

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
cleachdadh làithreach	<i>Chan eil poileasaidh idir againn aig an àm seo gus stuth thaisbeanaidhean no chuirmean Gàidhlig a bhi againn.</i>				
	Nìthear measadh roghainnean mar phàirt de ro-innleachd Chuirmean agus Thachartasan Nàiseanta gus cuirmean/tachartasan a chomharrachadh far am bu chòir diofar ìrean de Ghàidhlig a bhi ann.		Gàidhlig air a gabhail a-steach do stuth dealbhadh air a chleachdadh aig cuirmean/tachartasan..	Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	An Gearran 2011
	A' leantainn air sgrùdadh luchd-obrach FCS, bidh luchd-obrach le Gàidhlig air a' chomharrachadh agus ma bhios e iomchaidh air an trèanadh gus FCS a riochdachadh aig cuirmean/taisbeanaidhean.	Luchd-obrach air an trèanadh ro 2012		Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	An Gearran 2011
	Cumaidh sinn oirnn a' togail cheangal le com-pàirtichean SEARS agus sinn aig cuirmean/tachartasan nàiseanta is sinn a' leasachadh modh cho-obrachail an liubhairt na Gàidhlig.		Meudachadh air mineachadh sa Ghàidhlig aig cuirmean gum bheil sinn a' dol.	Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	Rè ùine a' Phlana
	Cruthachaidh sinn stuth sònraichte airson tachartasan ionadail/nàiseanta leithid Cuirm Rìoghail na Gàidhealtachd (RHS)		Tachartasan Nàiseanta air am frithealadh agus stuthan Gàidhlig air an liubhairt.	Sgioba Conaltraidh FCS / OLG	Rè ùine a' Phlana
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
Fiosrachadh agus Mineachadh Luchd-tadhail air-làrach:					
Cleachdadh làithreach	Tha sinn gu tric air facail fa leth air an eadar-theangachadh a “chur a-steach” a theacsa Bheurla (“facail com-pàirteachaidh”) airson stuth air-làrach air a’ Ghàidhealtachd is sgìrean eile. Tha sinn air cultar nan Gàidheal a mhineachadh aig prìomh làraichean. Tha sinn cuideachd air rannsachadh a chumail mar-thà a chur an gnìomh air àite na Gàidhlig an stuth-mìneachaidh.				
Prìomh raointean leasachaidh	Chruthaichidh sinn stiùireadh air an ìre de Ghàidhlig bu chòir a bhi air stuth-mìneachaidh dualchas agus soidhneachd; stuth air cruthachadh as ùra no an àite stuth eile. Bidh am modh-obrach seo mothachail ri iarrtas ris a thathas an dùil is ri sgìrean le mòran luchd-labhairt na Gàidhlig no poileasaidhean dà-chànanach le ùghdarrasan poblach eile, ri làraichean a’ frithealadh sgoilearan Gàidhlig, agus làraichean a tha cudromach an eachdraidh no dualchas nan Gàidheal.		meadhanan	Seirbheisean Dealbhaidh & Mìneachaidh	An Giblean 2015
	Cumaidh sinn oirnn a’ feuchainn diofar mhodhan-obrach ann an diofar àitean. Bidh na modhan uile cuimsichte air luchd-amhairc.		meadhanan	Seirbheisean Dealbhaidh & Mìneachaidh	Leantainneach

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Gabhaidh sinn cothroman iomchaidh cultar na Gàidhlig a mhìneachadh tro thaisbeanadh na cànan.		meadhanan	Seirbheisean Dealbhaidh & Mìneachaidh	Leantainneach
	Thèid teacs Gàidhlig a chruthachadh sa Ghàidhlig sa chiad dol a-mach is bho shealladh Gàidhealach.		meadhanan	Seirbheisean Dealbhaidh & Mìneachaidh	Leantainneach
	Thèid co-obrachadh a dhèanamh air measadh is rannsachadh dòighean mìneachaidh na Gàidhlig.		Rannsachadh & pròiseactan luachaidh	Seirbheisean Dealbhaidh & Mìneachaidh	Leantainneach
	Thèid Cnuic Cheann an Loch san Eilean Sgitheanach agus làraichean fhreagarrach eile a chleachdadh mar phàirt air dòighean eile a rannsachadh.		meadhanan	Seirbheisean Dealbhaidh & Mìneachaidh	An t-Ògmhios 2010
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			

Earrann 4 – Luchd-obrach

“Gus seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, tha e cudromach sgilean obrach agus sgilean cànan riatanach luchd-obrach a leasachadh. Tha solar a thaobh ionnsachadh cànan do luchd-obrach a’ cuideachadh le adhartachadh air ionnsachadh Gàidhlig mar inbheach agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh dhreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte a’ cur gu mòr ri inbhe a’ chànain agus ri a h-aithneachadh mar sgil as fhiach fhaotainn.

Tha cleachdadh Gàidhlig ann an sanasachd a’ cuideachadh le bhith ag aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh anns a’ bheatha phoblaich agus gu bheil pàirt chudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig an taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge ‘s bith dè an ìre de sgilean Gàidhlig a dh’fheumar, tha e cudromach gum bi ùghdarrasan a’ dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig na fìor riathanas dreuchdail. Bu chòir do dh’ùghdarrasan gabhail ri slatan tomhais agus an cur an cèill gus dèanamh cinnteach gu bheilear a’ fastadh gu dreuchdan air bunait a tha cothromach agus cunbhalach anns gach cùis, agus a’ nochdadh nan sgilean ainmichte mu choinneamh feumalachdan na dreuchd.” (Stiùireadh Bhòrd na Gàidhlig)

Tha FCS a’ tuigsinn cho brìgheil sa tha faicinn na Gàidhlig mar sgil chudromach agus comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil a cleachdadh deatamach no ion-mhiannaichte. Tha FCS cuideachd a’ tuigsinn cho cudromach ‘s a tha e cothrom a thoirt do luchd-obrach an cuid-sgilean Gàidhlig a leasachadh far a bheil seo ga mheas freagarrach.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
Trèanadh:					
Cleachdadh làithreach	<i>Tha FCS air maoinachadh trèanadh Gàidhlig do chuid de luchd-obrach agus air cùrsaichean mothachadh don Ghàidhlig a ruith.</i>				
Prìomh raointean leasachaidh	Cumaidh sinn oirnn a’ cumail prògram de chùrsaichean mothachaidh don Ghàidhlig do luchd-obrach ùr agus luchd-obrach a th’ ann mar-thà.	Co-dhiù aon chùrsa ga chumail gach bliadhna rè ùine a’ Phlana Ghàidhlig.	Àrdachadh an àireamh de chùrsaichean air an ruith.	OLG	Rè a’ Phlana.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
	Thèid liosta-mionaideach de chùrsaichean Gàidhlig ri fhaotainn a chur fa chomhair luchd-obrach uile agus air eadra-lìon FCS.		Cumar suas clàr de na cùrsaichean Gàidhlig a thathar air a fhrithealadh.	Goireasan Daonna (HR)	An Dùbhlachd 2014
	Thèid Oifigear Leasachaidh Gàidhlig a chomharrachadh gus am Plana Gàidhlig is poileasaidhean/modhan-obrach ùra adhartachadh, is iad ùr air an cruthachadh.	Fastaidh OLG	Cruthaich dleastanas agus cunntas na dreuchd.	Sgioba Conaltraidh FCS	An Dàmhair 2010
	Taic agus brosnachadh do luchd-obrach freagarrach gus feabhas a thoirt air an cuid Gàidhlig le trèanadh a bharrachd.			OLG & Goireasan Daonna	Leantainneach
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Ionnsachadh Cànan:					
Cleachdadh làithreach		Tha FCS air taic a chur ri cuid de ionnsachadh pearsanta.			
Prìomh raointean leasachaidh	Cumaidh sinn sgrùdadh luchd-obrach airson dearbhadh cia mheud luchd-obrach againn aig a bheil comasan sa Ghàidhlig agus gu dè seòrsa ìre.	Tuigse fhaotainn air feumalachdan a thaobh tuilleadh trèanadh do luchd-obrach.	Sgrùdadh dèante	OLG	An t-Samhain 2010
	Brosnaichidh sinn luchd-obrach gus an comasan Gàidhlig a leasachadh, far a bheil seo iomchaidh. Thathas a' rannsachadh chothroman eile air trèanadh a chumail le buidhnean poblach eile.	Leantainneach rè ùine a' phlana.	Bheir sgrùdadh san àm ri teachd beachd air meudachadh ann an ìrean fileantachd.	OLG	An t-Iuchar 2014
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Oifigear Stiùiridh	Raon-ama
Trusadh:					
Cleachdadh làithreach	Tha fastadh FCS air a dhèanamh a rèir riaghailtean na Seirbheis Chatharra a thaobh farpais chothromach agus fhosgailte. Tha seo a' ciallachadh gur e an neach as fheàrr a gheibh an obair. Ma tha comas labhairt no sgrìobhaidh sa Ghàidhlig na fhìor riatanas san obair, bithear mothachail gu cothromach don chomas cànan.				
Prìomh raointean leasachaidh	Nuair a tha sgilean Gàidhlig riatanach airson dreuchd àraidh, bidh seo air sònrachadh sa phròiseas fhasaidh.			Goireasan Daonna	Leantainneach
Toraidhean nàiseanta iomchaidh air an cuideachadh		1,2			
Sanasachadh:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil Gàidhlig ga cleachdadh aig FCS an-dràsta an sanasachadh dà-chànanach airson luchd-obrach.				
Prìomh raointean leasachaidh	Far a bheil ìre shònraichte de sgilean Gàidhlig mar phàirt den tuairisgeul obrach, thèid sin a shanasachadh gu dà-chànanach.	Meudachadh ann an sgilean Gàidhlig.	Clàr ga chumail air dhreuchdan leithid seo.	Goireasan Daonna	An Giblean 2010
	Bu chòir do sgilean sa Gàidhlig, no deòin ga h-ionnsachadh, ga chomharrachadh mar sgil ion-mhiannaichte, ann am fastadh luchd-obrach fàilteachaidh gu prìomh oifisean agus prìomh ionadan tadhail Earra-Ghàidheal is na Gàidhealtachd agus airson obraichean fa leth eile m.e. luchd-obrach dàimhean don choimhearsnachd ann an sgìrean air an taghadh no sgìrean glèidhte. Bidh sanasan-obrach sna sgìrean seo dà-chànanach.	Gum bi tuigse nas motha aig prìomh luchd-obrach uile air cànan/cultar na Gàidhlig, agus air modhan-obrach gus an OLG a thoirt an-sàs far a bheil seo iomchaidh.	Sgrùdadh 2014	Goireasan Daonna	An Giblean 2014

Caibideil 3 – Buaidhean Poileasaidh air a’ Ghàidhlig is air buileachadh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig

Buaidhean Poileasaidh don Ghàidhlig

Tha FCS ag aithneachadh gun tèid na diofar raointean prìomhachais, air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, am buileachadh sa chiad àite tro ar Plana Gàidhlig agus gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro cheuman poileasaidh làithreach. Nì FCS sgrùdadh dealasan phoileasaidhean na buidhne làithreach gus raointean a chomharrachadh far am faighear air a’ Ghàidhlig a thoirt a-steach gu for-ghnìomhach ’s prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig chur an gnìomh tro dhòighean eile. Tha sinn a’ coimhead air an leasachadh seo an co-chòrdadh ris a’ phrionnsapal ‘gnàthachadh’; is e ag amas air Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt de bheatha làitheil an Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh agus sgrùdadh phoileasaidhean, nì FCS cinnteach gum bi na buaidhean air a’ Ghàidhlig a rèir Phlana Nàiseanta na Gàidhlig.

Thar-shealladh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a’ comharrachadh ceithir taobhan eadar-cheangailte ann an leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, agus an taobh a-staigh dhiubh sin tha àireamh de raointean gnìomha prìomhachais:

Togail Cànan

A’ meudachadh na h-àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ga sgaoileadh an taobh a-staigh theaghlaichean agus le bhith a’ faotainn chothroman èifeachdach airson ionnsachadh na Gàidhlig tro meudachadh air:

- cleachdadh agus tar-chur na Gàidhlig san dachaigh
- an àireamh chloinne a’ togail Gàidhlig san dachaigh
- togail agus cothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ag adhartachadh gu fileantachd

Cleachdadh Cànan

A’ brosnachadh barrachd cleachdaidh den Ghàidhlig, a’ solarachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh chothroman air abairtean Gàidhlig, tro meudachadh air:

- cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan
- cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam às dèidh sgoile agus san àite-obrach
- làthaireachd na Gàidhlig sna meadhanan
- adhartachadh na Gàidhlig sna h-ealain
- ìomhaigh na Gàidhlig an turasachd, dualchas agus earrannan chur-seachad

Inbhe Cànan

Meudachadh faicsinneachd agus osgarrachd na Gàidhlig, ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig sa bheatha phoblach ann an Alba, tro:

- mheudachadh na h-àireamh de bhuidhnean poblach a' deasachadh Phlanaichean Gàidhlig
- mheudachadh ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig
- mheudachadh faicsinneachd agus aithne don Ghàidhlig

Corpas Cànan

Neartachadh buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh air a' chànan, tro:

- mheudachadh air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig
- mheudachadh air brìgh agus ruigsinneachd air eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- mheudachadh cothrom air fiosrachadh rannsachaidh neo-mhearachdach

Dealas a thaobh Cinn-uidhe Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha FCS dealasach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Nàiseanta air a thoirt gu buil, agus san earrann seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an amas sin.

BUILEACHADH PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Cinn-uidhe:

1. Aonta do ar Plana Gàidhlig fhaotainn bho Bhòrd na Gàidhlig ron Ògmhios 2010 agus a chur an gnìomh gun dàil.
2. Am Plana Gàidhlig aontaichte fhoillseachadh gu dà-chànanach, air an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh, tro luchd-seilbhe agus tro na meadhanan.
3. A bhith a' cleachdadh ar suaicheantas dà-chànanach ron Dàmhair 2010.
4. Faicsinneachd na Gàidhlig a mheudachadh nar soidhneachd agus nar stuth mìneachaidh.
5. Ar poileasaidh Gàidhlig a leudachadh a-mach gu buidhnean cunnraidh.

1. Togail Cànan

Tha FCS a' tuigsinn gu bheil seasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd an urra ri barrachd dhaoine ga h-ionnsachadh agus gum feumar aire a chuimseachadh air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar a' phrìomh mheadhan air seo a choileanadh. Tha fearann coillteach FCS ga chleachdadh airson measgachadh de dh'adhbharan oideachail m.e. nuair a bhios buidhnean sgoile agus teaghlaichean a'

tadhal air na coilltean. Mar sin, tha sinn a' moladh susbaint Gàidhlig anns na stuthan a mheudachadh far a bheil iad air an solarachadh do sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig agus sgoiltean eile, agus faicsinneachd a mheudachadh tro shoidhneachd agus stuth mìneachaidh aig diofar àiteachan ann an Alba.

2. Cleachdadh Cànan

Feallsanachd:

Tha FCS a' tuigsinn gu bheil seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd an eisimeil, chan ann a-mhàin air meudachadh air an àireamh de dhaoine aig a bheil comas a labhairt, ach air meudachadh air a cleachdadh. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e barrachd dhaoine a chomasachadh gus Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh àbhaisteach agus as fheàrr leotha ann an raon fharsaing de ghniomhachdan làitheil a tha a' sior fhàs. Bidh na beachdachaidhean sin air an aithneachadh ann an leasachadh Phlanaichean Conaltraidh an taobh a-staigh agus an taobh a-muigh aig FCS.

- Gàidhlig sna Coimhearsnachdan: Solaraidh sinn stuth mìneachaidh ann an Gàidhlig air làraich NFE far a bheil feum soilleir air a shon. Bidh sinn cuideachd a' brosnachadh luchd-seilbhe choilltean prìobhaideach gus taic a chur ri ar modh-obrach a thaobh mìneachaidh.
- Gàidhlig san Àite-obrach : Brosnaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus gheibh prìomh bhuill luchd-obrach cothrom air an sgilean Gàidhlig leasachadh.
- Gàidhlig sna Meadhanan : Bidh solar sgrìobhainnean dà-chànanach agus susbaint Gàidhlig san làrach-lìn againn air a chur an cèill.
- Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachad – Le ar suaicheantas dà-chànanach a chur an gnìomh agus Gàidhlig air na diofar shoidhnichean agus stuth mìneachaidh againn fhìn agus aig ar com-pàirtichean. Meudaichidh seo faicsinneachd na Gàidhlig do luchd-turais agus cuideachd don phoball a bhios a' cleachdadh nan coilltean.
- Gàidhlig sna h-Ealainean: Tha a' bhuidhnean uaireanan a' cumail taic ris na h-ealainean agus a' cleachdadh sgeulachdan, bàrdachd is òrain.

3. Inbhe Cànan

Tha FCS a' tuigsinn gu bheil inbhe na Gàidhlig fo bhuidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil ga cleachdadh, ga luach agus an ìre gu bheil ga faicinn luachmhor leis na h-aitreabhan sin aig a bheil buaidh mhòr air ar beatha làitheil.

- Deasachadh Plana Gàidhlig: Tha am Plana Gàidhlig reachdail air a dheasachadh a rèir chumhachan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a' mìneachadh mar a bhios FCS a' cleachdadh agus a' comasachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an co-cheangal ri dearbh-aithne corporra, conaltraidhean, foillseachaidhean agus luchd-obrach.

- Cruthachadh Ìomhaigh Dheimhinneach don Ghàidhlig : Nuair a bhios sinn a' liubhairt sheirbheisean ann an Gàidhlig, nì sinn cinnteach gum bi na seirbheisean sin aig ìre agus de ghnè a tha coimeasach ris na seirbheisean air an solarachadh sa Bheurla.
- Meudachadh Faicsinneachd don Ghàidhlig – Meudaichidh sinn faicsinneachd na Gàidhlig le bhith a' toirt a-steach suaicheantas dà-chànanach, meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig sna soidhnichean agus na bileagan againn agus air an làrach-lìn.

4 Corpas Cànan

Tha FCS a' tuigsinn na feuma air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cudromachd a thaobh seirbheisean eadar-theangachaidh agus rannsachaidh air a' chànan adhartachadh.

- Leasachadh air Litreachas, Briathrachas agus Ainmean Àite; coileanaidh FCS sgrùdadh air soidhnichean agus bheirear dlùth-aire do thoraidhean Ro-innleachdan Mìneachaidh san àm ri teachd.
- Eadar-theangachadh agus Mìneachadh sa Ghàidhlig: bidh sinn a' cleachdadh eadar-theangairean cliùiteach gus cuideachadh le cur-a-steach Gàidhlig don t-soidhneachd againn agus eadar-theangachadh air stuth mìneachaidh.
- Gàidhlig ann an Sgrùdaidhean agus Rannsachadh – cumaidh sinn rannsachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an stuth mìneachaidh còmhla ri Bòrd na Gàidhlig.
- Àinmean-àite Gàidhlig – thèid comhairle sireadh bho Àinmean-àite na h-Alba, buidheann stiùiridh air ainmean-àite Gàidhlig ach an tèid na h-àinmean-àite a chleachdadh gu ceart, rianail.

Tha FCS cuideachd ag aithneachadh gu bheil mòran dhe na prìomh thargaidean an seo, ciad Phlana Gàidhlig na buidhne, cuideachd a' cur ri 'Ginealach Ùr na Gàidhlig', plana gnìomh Bhòrd na Gàidhlig a-chum is gun tèid àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig am muthad.

CAIBIDEIL 4 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo gnìomhach gu foirmeil airson ùine de 5 bliadhna bhon cheann-latha seo no gus an cruthaichear plana ùr. Ann an Caibideil 2 (*Priomh Dhealasan*) agus Caibideil 3 (*Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig*), tha sinn air cinn-latha thargaidean fa leth a chur sìos mu choinneamh na h-ama a tha sinn an dùil na dealasan sònraichte a choileanadh.

Follaiseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba air fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn Coimisean na Coilltearachd Alba. Nithear, cuideachd:

- sgaoileadh fios naidheachd ag ainmeachadh a' phlana;
- leth-bhric den phlana gu h-oifisean poblach sna ionadan fàilteachaidh againn,
- am plana chur fa chomhair luchd-obrach tro eadra-lìon Choimisean na Coilltearachd Alba;
- riarachadh leth-bhreac den Phlana gu ar Buidhnean Poblach Neo-roinneil agus gu buidhnean eile, àidseantan agus cunradairean;
- riarachadh leth-bhreac den Phlana gu buidhnean Gàidhlig;
- riarachadh leth-bhreac den Phlana gu buidhnean eile le ùidh; agus
- leth-bhric rim faotainn mu choinneamh iarrtasan.

Modhan Rianachd mu choinneamh Buileachadh a' Phlana Nàiseanta

'S e poileasaidh Coimisean na Coilltearachd Alba (FCS) a th' anns a' phlana seo is e air aontachadh an dà chuid le ar n-àrd-sgioba stiùiridh agus le Stiùiriche Alba.

Dleastanas Iomlan

Bidh an Stiùiriche Alba cunntachail aig a' cheann thall airson dèanamh cinnteach gun liubhair FCS na dealasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.

Buill Luchd-obrach fa leth:

Bidh luchd-obrach air an comhairleachadh a thaobh far a bheil am Plana ri fhaotainn air an Eadra-lìon againn agus bidh iad air am brosnachadh gus beachdan a thoirt air rè na h-ùine co-chomhairleachaidh, agus molaidhean a thoirt seachad a thaobh leasachaidhean air rè ùine a' phlana.

Fiosrachadh bhuidhnean eile mun Phlana

Foillsichidh FCS am Plana Gàidhlig air ar làraich-lìn, fiosraichidh sinn luchd-comhairleachaidh agus buidhnean eile air an taobh a-muigh agus treas phàrtaidhean mu fhoillseachadh an dreach agus am Plana Gàidhlig aontaichte.

Goireasachadh a' Phlana

Bidh gnìomhachdan àbhaisteach air an gabhail a-steach agus air an goireasachadh tro bhuidseatan FCS a thathar ag aontachadh gach bliadhna le Riaghaltas na h-Alba. Cuiridh sinn tagradh cuideachd gu Bòrd na Gàidhlig agus Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig airson cuideachadh le nithean sònraichte , far an gabh iad sin an dearbh-aithneachadh.

Sgrùdadh air Buileachadh a' Phlana

Thèid am Plana Gàidhlig a sgrùdadh leis an Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (OLG) le beachdan bho roinnean eile air an comharrachadh. Bidh uallach air an OLG a thaobh ath-bhreithneachadh air targaidean a' phlana san t-Samhain gach bliadhna, agus aithris air soirbheachadh no eile de Phrìomh Dhealasan FCS. Bidh thar-shealladh aig an OLG air buileachadh a' phlana agus cuideachd air coimhead ri modhan eile gus am plana a liubhairt an dòigh nas èifeachdaiche. Bidh seo ann an co-chomhairleachadh le agus aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.

Luchd-obrach iomchaidh

'S e an t-àrd-oifigear le uallach obrachaidh airson deasachadh, liubhairt agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Coimisean na Coilltearachd Alba, a stiùireadh:

An t-Ollamh Bob Mac an Tòisich
Stiùiriche Alba
Coimisean na Coilltearachd Alba
231 Rathad Corstorphine
Dùn Èideann
EH12 7AT

0131 334 0303


Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' phlana a bhith air an cur gu:

Louise NicIleathain
Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig
Taigh a' Ghlinne Mhòir
Rathad na Leacainn
Inbhir Nis
IV3 8NW

01463 725 038

Louise.Maclean@forestry.gsi.gov.uk

Leas-phàipear 1



Leas-phàipear 2

Beag-fhaclair agus Giorrachaidhean

Tìotal	Giorrachadh	Notaichean
Coimisean na Coilltearachd Alba	FCS	A' frithealadh mar bhuidheann-stiùiridh do Riaghaltas na h-Alba a thaobh cùisean co-cheangailte ri coilltearachd.
Iomairt na Coilltearachd Alba	FES	Pàirt de FCS le uallach airson stiùireadh Oighreachd na Coille Nàiseanta
Oighreachd na Coille Nàiseanta	NFE	Coilltean ann an Alba a tha ann an seilbh Riaghaltas na h-Alba.
Ro-Innleachd Coilltearachd Alba	SFS	Poileasaidhean air am mìneachadh le FCS agus air gabhail riutha le Riaghaltas na h-Alba.
Bòrd na Gàidhlig	BnG	Buidheann Reachdail Nàiseanta na Gàidhlig
Oifigear Leasachaidh Gàidhlig	GDO	Luchd-obrach FCS le uallach airson am Plana Gàidhlig a liubhairt.